



Mòr-ionad Gàidhlig do Dhùn Èideann?

Aithisg air suirbhidh coimhearsnachd

An Dùblachd 2024

Clàr-innse

Geàrr-chunntas Gniomhach	ii
Buidheachas	vii
Ro-ràdh	1
Earrann 1: Cùl-fhiosrachadh mun luchd-fhreagairt (aois, gnè, àite-còmhnaidh agus comas sa Ghàidhlig)	4
Earrann 2: Beachdan farsaing air a' mhòr-ionad	9
Earrann 3: Seirbheisean no gniomhachdan a dh' fhaodadh mòr-ionad a thabhan	12
Earrann 4: Dè dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche, air neo na bu lugha de dh'feum no de tharraing?	18
Earrann 5: Dùbhlain ro choimhearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann	24
Earrann 6: Beachdan no molaidhean eile	31
Co-dhùnadh	33
Eàrr-ràdh: Suirbhidh	

Gearr-chunntas Gníomhach

Tha an aithisg seo a' foillseachadh toraidhean suirbhidh coimhlearsnachd air-loidhne a chaidh ullachadh le ionad Gàidhlig Dhùn Èideann air na cothroman a th' ann ionad cultarach Gàidhlig a stèidheachadh ann an Dùn Èideann. Bha an suirbhidh a' feuchainn ris an ùidh a dh'fhaodadh a bhith ann agus an t-iarrtas airson mòr-ionad a mheasadh, agus a' beachdachadh air na diofar sheòrsaichean de thachartasan agus seirbheisean a dh' fhaodadh a bhith air an tabhann ann am mòr-ionad.

Bha an suirbhidh a' ruith eadar 15 Ògmhios agus 16 Sultain 2024. Bha e fosgalte do dhuine sam bith aois 16 agus nas sine, ge bith càite an robh iad a' fuireach.

Bha ùidh làidir anns an t-suirbhidh: chaidh a lìonadh le 444 neach fa leth agus còig buidhnean.

Nochdadh taic glè làidir don mhòr-ionad agus thug an luchd-freagairt seachad mòran fhreagairtean mionaideach a thaobh dè a bu toil leotha fhaicinn ann am mòr-ionad. Bha aon cheist deug anns an t-suirbhidh. Bha ceithir dhiubh sin fosgalte, a' toirt cothrom don luchd-fhreagairt na freagairtean aca fhèin a chur a-steach. Chaidh na freagairtean a chur an òrdugh a rèir chuspairean agus tèamannan agus tha gearr-chunntas air na beachdan a chuireadh an cèill san aithisg seo.

Tha **Earrann 1** a' toirt seachad fiosrachadh coitcheann mu luchd-freagairt an t-suirbhidh, a thaobh aois, gnè, àite-còmhnaidh agus comas sa Ghàidhlig.

Bha dùmhlachd anns na bannan meadhan-aoise (aois 35-54), agus beagan gainnead anns an luchd-fhreagairt fo aois 35. Bha 59.6% den luchd-fhreagairt boireann agus dìreach 36.5% fireann.

Ged nach robh an suirbhidh cuingealaichte ri daoine a tha a' fuireach ann an Dùn Èideann, thàinig 78.9% de na freagairtean bho chòdan-puist ann am Baile Dhùn Èideann, le 11.2% eile bho phàirtean eile de Lodainn. Thàinig mòran fhreagairtean bho sgìrean Lìte (EH6) agus Slighe Lìte (EH7) gu sònraichte.

Bha na bu lugha na an dàrna leth (43.7%) den luchd-fhreagairt a' measadh an comas labhairt sa Ghàidhlig mar fhileanta no eadar-mheadhanach, le dìreach aon a-mach à còig ag ràdh gu robh iad fileanta.

Tha **Earrann 2** a' toirt seachad gearr-chunntas air beachdan farsaing an luchd-fhreagairt air a' mhòr-ionad, gu sònraichte a thaobh cho feumail 's a bhiodh e dhaibh agus cho tric 's a bhiodh iad an dùil tadhal air no a chleachdad.

Bha 85.4% den luchd-fhreagairt den bheachd gum biodh mòr-ionad 'glè fheumail' do choimhlearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann agus bha 9.4% eile den bheachd gum biodh e 'caran feumail'. Cha robh ach 1.6% den bheachd gum biodh e 'gun a bhith ro fheumail' agus 2.2% 'gun a bhith feumail idir'.

Thuirt còrr air trian den luchd-fhreagairt (33.6%) gun tadhaileadh iad air mòr-ionad uair sànt-seachdain agus 38.1% eile uair sa mhìos. Bha 17.3% den bheachd nach biodh iad a' tadhal air ach beagan thursan sa bhliadhna agus 6.7% nach tigeadh iad ach glè ainneamh.

Tha **Earrann 3** a' dèiligeadh gu mionaideach ri na dh' fhaodadh mòr-ionad Gàidhlig tabhann a thaobh sheirbheisean, goireasan agus gnìomhachdan. Bha mòran mholaidhean aig an luchd-freagairt àireamh, nam measg na leanas.

Cafaidh/bàr: chuir mòran luchd-freagairt cuideam air cho luachmhor 's a bhiodh cafaidh, gu sònraichte airson a ròl sòisealta mar àite cruinneachaidh neo-fhoirmeil Gàidhlig. Aig an aon àm, chuir mòran dhaoine cuideam air cho cudromach 's a bhiodh deagh bhiadh is deochannan agus àrainneachd tharraingeach.

Bùth leabhraichean/leabharlann: bha mòran luchd-freagairt den bheachd gum biodh bùth leabhraichean agus/air neo leabharlann na tarraing chudromach airson mòr-ionad. Thug cuid fa-near cuideachd gum faodadh bùth a bhith a' reic bathar is stuthan eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

Ionad fiosrachaidh: bha mòran luchd-freagairt den bheachd gum faodadh am mòr-ionad a bhith na ionad fiosrachaidh air choreigin. Dh'fhaodte gum biodh e a' foillseachadh agus a' toirt seachad fiosrachadh mu thachartasan is gnìomhachdan Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus nas fhaide air falbh. Dh'fhaodadh mòr-ionad cuideachd fiosrachadh coitcheann mu chànan, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig a thoirt seachad, is dòcha ann an taisbeanadh maireannach. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith ag àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig agus a' togail mothachadh air a' Ghàidhlig ann an Dùn Èideann.

Àiteachan do coinneamhan no àiteachan obrach: mhol grunn luchd-freagairt gum faodadh mòr-ionad àite a sholarachadh do dhiofar bhuidhnean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig airson coinneamhan agus tachartasan eile. Tha cothrom ann cuideachd a bhith a' tabhann àite-obrach do phroifeiseantaich Ghàidhlig, luchd-ealain Gàidhlig no oilleanaich Ghàidhlig fa-leth.

Ealain, ceòl agus cleasachd: thug an luchd-freagairt grunn mholaidhean seachad mu goireasan airson ceòl agus seòrsachan eile de thachartasan ealain, agus na goireasan a tha a dhìth airson taic a thoirt dhaibh.

Solar airson clann agus daoine òga : chuir mòran luchd-freagairt cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith a' tabhann sheirbheisean agus ghnìomhachdan do chloinn is dhaoine òga, bho leanaban is pàistean gu inbhich òga, agus thug iad seachad molaidhean sònraichte a thaobh seo.

Cothroman ionnsachaidh do dh' inbhich: bha grunn bheachdan ann mu chlasaichean do dh' inbhich agus a bhith a' cuideachadh le feumalachdan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig diofar ìrean.

Mhol an luchd-freagairt raon farsaing de ghniomhachdan eile a dh' fhaodadh a bhith freagarrach airson a' mhòr-ionaid, a' gabhail a-steach leughaidhean leabhraichean is bàrdachd; òraidean agus deasbadan; ceisteachain agus farpaisean; clasaichean agus taisbeanaidhean còcaireachd; gniomhan ciùird; fighe; crèadhadaireachd; gniomhachdan campa samhraidh; agus tachartasan ràitheil.

Mhol grunn luchd-freagairt gum bu chòir diofar sheòrsaichean gheamaichean a thabhall tron Ghàidhlig: geamannan bùird, geamannan cluich-ròl, tàileasg, snucair/pùl agus teanas-bùird.

Thug an luchd-freagairt fa-near cuideachd gum faodadh àite cudromach a bhith aig a' mhòr-ionad ann a bhith bhith a' tabhann chothroman obrach pàighe no saor-thoileach.

Tha **Earrann 4** a' beachdachadh air na nithean a thuirt an luchd-freagairt a dh'dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche, air neo no na bu lugha de dh'feum no de tharraing dhaibh.

Àite: chuir mòran luchd-freagairt an cèill am beachd gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith ann an àite faisg air a' mheadhan, so-ruigsinneach le còmhdhail phoblach agus le páirceadh ma tha sin comasach. Chuidicheadh seo le àireamh an luchd-tadhail agus teachd a-steach a chur am meud.

Uairean fosglaidh: bha mòran den luchd-fhreagairt den bheachd gu robh e cudromach gum biodh uairean fosglaidh cunbalach aig a' mhòr-ionad agus gum biodh e na b' fheàrr nan robh e fosgailte anmoch air an fheasgar agus aig deireadh-sheachdainean a bharrachd air làithean na seachdaine.

Cruth, àrainneachd agus cosgais: bha an luchd-freagairt den bheachd gu robh e cudromach gum biodh taobh a-staigh a' mhòr-ionaid ùr-nodha agus tarraigeach agus gum biodh e càirdeil, aoigheil agus neo-fhoirmeil. Dhaingnich cuid eile gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith so-ruigsinneach agus in-ghabhalach agus gum bu chòir aire a thoirt do dh'fheumalachdan dhaoine le ciorraman. Bu chòir gum biodh an t-àite sùbailte, gus an gabhadh a chleachdad airson diofar adhbharan agus gun gabhadh diofar sheòrsaichean de ghniomhachdan air adhart aig an aon àm.

Chomharrach an luchd-freagairt cuideachd feartan den chruth no den àrainneachd a dh' fhaodadh am mòr-ionad a dhèanamh na bu lugha de tharraing: dòigh-sgeadais lom, droch sholais no fhuaimearrachd, àite crampaidh no làn sluaigh, suidheachain mhì-chofhurtail, agus foirmileachd no neo-sùbailteachd san fharsaingeachd. Thog cuid cosgais mar fheart a dh' fhaodadh a bhith mì-mhisneachail.

Raon ghniomhachdan: thug an luchd-freagairt fa-near gum bu chòir don mhòr-ionad raon farsaing gu leòr de ghniomhachdan a thabhall a bhiodh tarraigeach do dhiofar sheòrsaichean dhaoine.

Cànan a thathar a' cleachdadadh anns a' mhòr-ionad: bha cuid den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith mar chànan àbhaisteach a' mhòr-ionaid, no gun robh dragh orra gum biodh am mòr-ionad air a lagachadh nan gabhadh cus Beurla a-steach. Bha beachd eadar-dhealaichte aig cuid eile, gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith ruigsinneach agus aoigheil don luchd-ionnsachaidh air fad agus do dhaoine eile aig nach eil mòran Gàidhlig (no a tha gun Ghàidhlig).

Cothromachadh eadar gnìomhachdan do chloinn agus inbhich: chuir cuid den luchd-fhreagairt cuideam air cho cudromach 's a tha e bhith a' tabhann ghnìomhachdan a bhiodh tarraingeach do chloinn is theaghlaichean, ach thuirt cuid eile gum faodadh cus cuideim air an leithid de sholar an cur dheth.

Feartan sòisealta no poilitigeach: chuir àireamh bheag den luchd-fhreagairt am beachd an cèill nach bu chòir don mhòr-ionad a bhith air a chleachdadadh airson adhbharan poiliteagach, no thog iad dragh mu chùisean sòisealta no poiliteagach sònraichte (m.e. gràin-chreidimh).

Tha **Earrann 5** a' mìneachadh nan cùisean a chomharraich an luchd-freagairt mar dhùblain do choimhearsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann, a' gabhail a-steach na leanas.

Tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Dùn Èideann glè bheag (nas lugha na 1% den t-sluagh ionlan). Tha e duilich luchd-labhairt Gàidhlig eile a lorg, gu ìre air sgàth àireamhan luchd-labhairt beag, agus gu ìre air sgàth dìth faicsinneachd a' chànan sa bhaile.

Chan eil cothroman gu leòr ann airson Gàidhlig a chleachdadadh ann an Dùn Èideann. Ann an diofar dhòighean, tha an duilgheadas seo a' toirt buaidh air luchd-labhairt dùthchasach, inbhich a tha ag ionnsachadh a' chànan, agus clann ann am foghlam Gàidhlig.

Tha coimhairsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann sgapte agus neo-cheangailte, agus bha cuid a' ceasnachadh an robh e a' dèanamh ciall a bhith a' bruidhinn air 'coimhairsnachd Ghàidhlig' anns a' bhaile idir.

Bha cuid den luchd-fhreagairt den bheachd nach eil tachartasan Gàidhlig ann an Dùn Èideann tric agus cunbalach gu leòr, agus thuirt cuid nach robh na tachartasan a thathas a' tabhann an-dràsta tarraingeach gu leòr no eugsamhail gu leòr. Thug cuid eile fa-near gu bheil mòran dhaoine car ain-deònach a dhol a-mach gu tachartasan, no nach eil iad mothachail air na tachartasan Gàidhlig a thathas a' tabhann an-dràsta.

Tha gainead àiteachan sònraichte Gàidhlig ann an Dùn Èideann, agus tha droch bhuaidh aig seo air na cothroman a th' ann Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh. Bha mòran den luchd-fhreagairt den bheachd gum biodh stèidheachadh mòr-ionad na dhòigh chudromach air dèiligeadh ris na duilgheadasan sin.

Tha e na adhbhar dragh nach eil maoineachadh gu leòr ann, no nach eil maoineachadh furasta fhaighinn. Tha seo a' gabhail a-steach maoineachadh airson leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd, airson foghlam Gàidhlig, agus airson a' mhòr-ionaid fhèin.

Chaidh raon chùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean a chomharrachadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach an solarachadh cuingealaichte aig ère bun-sgoile agus àrd-sgoile agus am feum air clann a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadadh taobh a-muigh co-theacs na sgoile, co-dhiù aig an taigh no tro ghnìomhachdan sònraichte.

Thugadh fa-near na dùblain a bha ro luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Bha iad sin a' gabhail a-steach cùisean co-cheangailte ri cothrom air clasaichean aig diofar ìrean, duilgheadasan gluasad gu ìrean nas adhartaiche, agus dìth chothroman air Gàidhlig a chleachdadadh le luchd-ionnsachaidh eile no le fileantaich.

Thatas den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig gu ìre mhòr do-fhaicsinneach anns a' bhaile, agus gu bheil seo a' cur ri mothachadh iosal air a' chànan am measg muinntir a' bhaile. Tha dìth mothachaidh air a' Ghàidhlig ann an Dùn Èideann sa chumantas, agus ìre de dhiùltadh neo nàimhdeas don chànan. Bha an diùltadh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur an aghaidh adhartachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd no beachd nas mionaidiche nach eil buntainneas aig a' chànan ri Dhùn Èideann.

Tha **Earrann 6** a' toirt seachad beachdan no molaidhean eile bhon luchd-fhreagairt, gu h-àraidh beachdan a' nochdadadh taic don mhòr-ionad no beachdan a thaobh dhòighean maoineachaidh agus cothroman air com-pàirteachasan a dh' fhaodadh a bhith ann.

Tha an **co-dhùnadh** a' toirt fa-near gu bheil an suirbhidh a' nochdadadh taic fior làidir airson mòr-ionad Gàidhlig a stèidheachadh ann an Dùn Èideann agus an ìre àrd de dh' ùidh sa phròiseact am measg luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Tha an suirbhidh air raon farsaing de dh'fhiorsrachadh a thoirt a-mach a thaobh roghainnean agus priomhachasan coimhearsnachd na Gàidhlig, a bhios air leth feumail ann a bhith a' cuideachadh ionad Gàidhlig Dhùn Èideann ri bhith a dhealbhadh na slighe air adhart agus na h-ath cheumannan practaigeach a ghabhail.

Buidheachas

Bu toil le Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann taing a thoirt dhan a h-uile duine a thug ùine seachad gus an suirbhidh a lìonadh. Bu mhath leinn taing shònraichte a thoirt do Ann Paterson (Oifigear Capital Gaelic agus ball de bhòrd an Ionaid) airson a cuid obrach le ceangal, conaltradh is sanasachd agus do Yvonne Gannon (Seirbheisean Corporra, Comhairle Baile Dhùn Èideann) airson a cuid obrach ann a bhith ullachadh cruth a' cheisteachain airson Mòr-ionad Co-chomhairleachaidh na Comhairle agus a' cur nan toraidhean an òrdugh. Mu dheireadh, tha sinn taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson na taice a thug iad dhuinn, a leig leinn Oifigear Leasachaidh fhastadh, Sarah Scott, aig an robh pàirt glè chudromach ann a bhith a' leasachadh agus a' sgaoileadh an t-suirbhidh seo.

Ro-ràdh

Tha an aithisg seo a' foillseachadh toraidhean suirbhidh coimhairsnachd air-loidhne a chaidh ullachadh le ionad Gàidhlig Dhùn Èideann air na cothroman a th' ann mòr-ionad cultarach Gàidhlig a stèidheachadh ann an Dùn Èideann. Bha an suirbhidh a' feuchainn ris an ùidh a dh'fhaodadh a bhith ann agus an t-iarrtas airson mòr-ionad a mheasadh agus a' beachdachadh air na diofar sheòrsaichean thachartasan agus sheirbheisean a dh' fhaodadh a bhith air an tabhann ann am mòr-ionad.

Cùl-fhiosrachadh

'S e Buidheann Chorporaichte Charthannach Albannach a th' ann an ionad Gàidhlig Dhùn Èideann, a chaidh a stèidheachadh ann an 2020 leis an amas ionad cànanach, cultarail, foghlaim is sòisealta a chruthachadh, a ruith agus a chumail suas air bhonn carthannach agus neo-phrothaideach, agus cleachdad, ionnsachadh agus mealadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus Lodainn agus san fharsaingeachd a bhrosnachadh, taobh a-staigh an ionaid sin agus ann an àiteachan eile.

Fad mòran bhliadhnaichean, tha coimhairsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann air a bhith mothachail gu bheil feum air ionad cultarach mar bhunait airson buidhnean Gàidhlig agus gnìomhachdan Gàidhlig sa bhaile. Chaidh diofar iomairtean a chur air dòigh aig diofar amannan ach gu mì-fhortanach cha tàinig iad gu buil. Tha ionad Gàidhlig Dhùn Èideann anis ag obair gus an t-amas fad-ùine seo a choileanadh.

Tha foghlaam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann air fàs gu luath bho dh'fhosgail Bun-sgoil Taobh na Pàirce, bun-sgoil Ghàidhlig a' bhaile, ann an 2013, agus chlàraich cunntas-sluaigh 2022 àrdachadh mòr anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Dùn Èideann an taca ris a' chunntas-sluaigh mu dheireadh. Dh'èirich àireamh an luchd-labhairt 46.6 anns a' cheud eadar 2011 agus 2022 (gu 4,628) agus dh'èirich an àireamh den fheadhainn le sgilean Gàidhlig eile (leughadh, sgrìobhadh no tuigse) 118 sa cheud (gu 5,751).

Tha luchd-dèanamh phoileasaidhean air a bhith ag aithneachadh cho cudromach 's a tha mòr-ionadan cultarach Gàidhlig. Tha grunn iomairtean a' dol air adhart ann an diofar phàirtean de dh'Alba gus mòr-ionadan Gàidhlig a stèidheachadh no a leasachadh, gu sònraichte ann an Inbhir Nis, Glaschu agus Steòrnabhagh. Tha am Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha iomairtean coimhairsnachd leithid mhòr-ionadan, agus tha Plana Gàidhlig Bhaile Dhùn Èideann 2024-29 a' cur an cèill gun toir a' Chomhairle taic do ionad Gàidhlig Dhùn Èideann leis na planaichean aca gus mòr-ionad a stèidheachadh ann an Dùn Èideann.

An suirbhidh

Chaidh an suirbhidh a chur an àirde air Mòr-ionad Co-chomhairleachaidh Comhairle Baile Dhùn Èideann agus bha e fosgailte e eadar 15 Ògmhios agus 16 Sultain 2024. Chaidh a shanasachadh fad is farsaing tro na meadhanan sòisealta, post-d agus cairtean

fiosrachaidh clò-bhailte. Bha e fosgailte do dhuine sam bith aois 16 agus nas sine, ge bith càite an robh iad a' fuireach.

Bha ùidh làidir anns an t-suirlidh, le 444 neach fa leth agus còig buidhnean ga lìonadh. Chuir trì de na buidhnean sin freagairtean fa-leth a-steach ann an cruth litreach seach a bhith a' lìonadh an t-suirlidh fhèin.

Mar a sheallar san aithisg seo, bha taic air leth ann don mhòr-ionad agus thug luchd-freagairt seachad mòran fhreagairtean mionaideach a thaobh na bhiodh iad airson faicinn ann am mòr-ionad.

Bha roghainn aig an luchd-fhreagairt an suirlidh a lìonadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla. Roghnaich 74 neach-freagairt sin a dhèanamh sa Ghàidhlig agus 372 sa Bheurla.

Bha aon cheist deug anns an t-suirlidh. Bha ceithir dhiubh sin fosgailte, a' toirt cothrom don luchd-fhreagairt na freagairtean aca fhèin a chur a-steach. Bha mòran de na freagairtean sin fada agus mionaideach. Chaith na freagairtean a chur an òrdugh a rèir chuspairean agus tèamannan agus tha gèarr-chunntas air na beachdan a chuireadh an cèill san aithisg seo, le eisimpleirean air an taghadh gus blas beachdan an luchd-fhreagairt a thoirt seachad. Bha còrr air 30,000 falal de bheachdan agus molaidhean ann uile-gù-lèir, agus mar sin chan eil anns na h-eisimpleirean riochdachail a tha air an toirt seachad an seo ach pàirt bheag de na freagairtean uile.

Tha an suirlidh an cois na h-aithisg seo mar eàrr-ràdh.

Às dèidh an t-suirlidh, chaith gearr-chunntas air na freagairtean a sgaoileadh gu buill ionad Gàidhlig Dhùn Èideann agus chun an luchd-fhreagairt a thug seachad na seòlaidhean puist-d aca. Fhuair iad cuireadh cuideachd gu coinneamh gus beachdachadh air na toraidhean. Chaith na coinneamhan seo a chumail air 11 agus 12 Samhain, a' chiad tè dhiubh sa Bheurla agus an tè eile sa Ghàidhlig. Fhuair an fheadhainn a bha an làthair cothrom ceistean fhaighneachd agus gu sònraichte tuilleadh mholaidhean a thoirt seachad mun t-slighe air adhart ann a bhith a' leasachadh na h-iomairt airson mòr-ionad ann an Dùn Èideann. Bidh an taic a bharrachd seo gu math feumail do chomataidh ionad Gàidhlig Dhùn Èideann ann a bhith a' toirt air adhart planaichean.

Structar na h-aithisg seo

Tha structar na h-aithisg seo mar a leanas:

Tha Earrann 1 a' taisbeanadh fiosrachadh coitcheann mun luchd-freagairt, a thaobh aois, gnè, àite-còmhnaidh agus comas sa Ghàidhlig.

Tha Earrann 2 a' toirt seachad gearr-chunntas air beachdan an luchd-fhreagairt air a' mhòr-ionad anns an fharsaingeachd, gu sònraichte a thaobh cho feumail 's a bhiodh e dhaibh agus cho tric 's a bhiodh iad an dùil tadhail air no a chleachdad.

Tha Earrann 3 a' beachdachadh air an raon sheirbheisean no ghnìomhachdan a dh' fhaodadh mòr-ionad Gàidhlig a thabhall, a' gabhail a-steach cafaidh/bàr; bùth leabhraichean/leabharlann; ionad fiosrachaидh/taisbeanaidh; àiteachan coinneimh no obrach; ceòl agus tachartasan ealain; solar airson clann agus daoine òga agus cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich.

Tha Earrann 4 a' beachdachadh air na nithean a thuirt luchd-freagairt a dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche, air neo na bu lugha de dh'feum no de tharraing dhaibh. Nam measg tha àite a' mhòr-ionaid; uairean fosglaidh; cruth, àrainneachd agus cosgais; an raon de ghnìomhachdan a thathas a' tabhann; dragh gum biodh cus Beurla (no cus Gàidhlig) air a cleachdad; an cothromachadh eadar gnìomhachdan do chloinn agus do dh'inbhich; agus factaran sòisealta no poilitigeach.

Tha Earrann 5 a' mìneachadh nan cùisean a chomharrach an luchd-freagairt mar dhùblain do choimhairsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Nam measg tha an àireamh bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig sa bhaile; cho duilich 's a tha e luchd-labhairt Gàidhlig eile a lorg; cothroman cuingealaichte airson Gàidhlig a chleachdad; gu bheil a' choimhairsnachd Ghàidhlig sgapte agus neo-cheangailte; dìth thachartasan Gàidhlig cunbalach no tarraingeach; gainnead àiteachan Gàidhlig sònraichte; duilgheadasan co-cheangailte ri maoineachadh; duilgheadasan co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean; dùblain ro luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; do-fhaicsinneachd na Gàidhlig sa bhaile; agus dìth mothachaidh no nàimhdeas am measg a' mhòr-shluagh.

Mu dheireadh, tha Earrann 6 a' toirt seachad beachdan no molaidhean eile bhon luchd-freagairt, gu h-àraighean maoineachaидh agus cothroman air com-pàirteachasan a dh' fhaodadh a bhith ann.

Earrann 1

Cùl-fhiosrachadh mun luchd-fhreagairt (aois, gnè, àite-còmhnaidh agus comas sa Ghàidhlig)

Bha na ciad cheistean anns an t-suirbhidh co-cheangailte ri aois, gnè, àite-còmhnaidh agus comas labhairt na Gàidhlig. Gus an suirbhidh a chumail reusanta goirid agus gus àireamh mhòr de fhreagairtean a bhrosnachadh, cha do rinn na ceistean sin sgrùdadh na bu mhionaidiche a thaobh comas sa Ghàidhlig no pàtranan cleachdaidh na Gàidhlig an luchd-fhreagairt.

Aois an luchd-fhreagairt


Tha Clàr 1 agus Cairt 1 a' sealltainn co-roinneadh aoise nan daoine a fhreagairt an suirbhidh. Bha dùmhlachd anns na bannan meadhan-aoise (aois 35-54), le luchd-freagairt fo 35 gu math fo-riochdaichte an coimeas ri sluagh 16+ san fharsaingeachd ann an Dùn Èideann (23.6% an taca ri 37.2%).¹

Clàr 1: Co-roinneadh aoise an luchd-fhreagairt

Aois	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
16-24	52	11.7
25-34	53	11.9
35-44	95	21.3
45-54	91	20.4
55-64	73	16.4
65-74	61	13.7
75 and over	18	4.0
Prefer not to say	3	0.7
	446	100.1

¹ Tùs: www.scotlandscensus.gov.uk, Table UV102a.

Cairt 1 : Co-roinneadh aoise an luchd-fhareagairt



Gnè an luchd-fhareagairt

Bha mì-chothromachadh gnè follaiseach am measg an luchd-fhareagairt: bha 59.6% dhiubh boireann agus dìreach 36.5% fireann.

Clàr 2: Co-roinneadh gnè an luchd-fhareagairt

	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
Boireann	266	59.6
Fireann	163	36.5
Neo-bhìnearaidh	9	2.0
B' fheàrr gun a ràdh	8	1.8
	446	99.9

Àite-còmhnaidh an luchd-fhareagairt

Chaidh iarraidh air an luchd-fhareagairt a' chiad phàirt den chòd-puist aca a thoirt seachad (m.e. EH1). Cha robh an suirbhidh cuingealaichte ri luchd-còmhnaidh Dhùn Èideann, oir bha faireachdainn ann gum faodadh mòr-ionad Gàidhlig a bhith air a chleachdad le daoine ann an àiteachan eile ann am meadhan na h-Alba a tha ag obair ann an Dùn Èideann no a bhios a' tadhail air a' bhaile gu tric, agus gu dearbh le luchd-tadhail a tha fuireach nas fhaide air falbh. Ach a dh' aindeoин sin, thàinig a' mhòr-chuid de na freagairtean (78.9%) bho chòdan-puist Bhaile Dhùn Èideann, le 11.2% eile bho phàirtean eile de Lodainn.

Clàr 3: Àite-còmhnaidh an luchd-fhareagairt

	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
City of Edinburgh	344	78.9
Midlothian	22	5.0
East Lothian	15	3.4
West Lothian	12	2.8

Fife	10	2.3
Glasgow	8	1.8
Scottish Borders	6	1.4
Falkirk	4	0.9
Perth & Kinross	3	0.7
Dundee	2	0.5
England	2	0.5
Highland	2	0.5
North Lanarkshire	2	0.5
Western Isles	2	0.5
Aberdeen	1	0.2
North Ayrshire	1	0.2
	436	100.1

Taobh a-staigh Dhùn Èideann, fhuaras àireamh mhòr de fhreagairtean bho raon còd-puist EH6 (Lìte) – 67 freagairt, 19.5% de na freagairtean ionlan à Dùn Èideann, le 35 freagairtean eile (10.2% de dh' ionlan Dhùn Èideann) bhon sgìre ri a taobh, Slighe Lìte. Is dòcha gu bheil mòran dhiubh bho theaghlaichean ceangailte ri bun-sgoil Ghàidhlig a' bhaile, Bun-sgoil Taobh na Pàirce, a tha air Rathad Bonnington ri taobh Pàirc Pilrig.


Mar a chithear ann an Clàr 4, b' iad na còdan-puist eile ann an Dùn Èideann a bha air an deagh riochdachadh EH9 (Marchmont/Grange), EH16 (Liberton/Craigmillar), EH12 (Murrayfield/Corstorphine) agus EH11 (Dalry/Gorgie/Stenhouse). An coimeas ri sin, cha robh mòran fhreagairtean ann bho mheadhan a' bhaile no bhon cheann a deas (còdan-puist EH1, EH2, EH13, EH14 agus EH17).

Clàr 4: Luchd-freagairt à Dùn Èideann a rèir còd-puist

Còd-puist	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud den fheadhainn à Dùn Èideann
EH6	67	19.5
EH7	35	10.2
EH9	33	9.6
EH16	28	8.1
EH12	26	7.6
EH11	24	7.0
EH10	20	5.8
EH4	19	5.5
EH3	16	4.7
EH5	14	4.1
EH8	12	3.5
EH15	12	3.5
EH14	9	2.6
EH17	8	2.3

EH13	7	2.0
EH1	5	1.5
EH30	5	1.5
EH2	3	0.9
EH29	1	0.3
	344	100.2

Cairt 2: Luchd-freagairt Dhùn Èideann a rèir còd-puist




Comas an luchd-fhreagairt sa Ghàidhlig

Chaidh iarraidh air an luchd-fhreagairt an ìre comais sa Ghàidhlig innse agus chaidh sia roghainnean a thoirt dhaibh: fileanta, eadar-mheadhanach, bunaiteach, dìreach beagan fhaclan, tuigsinn ach nach urrainn bruidhinn is eile. Thagh nas lugha na an dàrna leth (43.7%) den luchd-fhreagairt fileanta no eadar-mheadhanach, agus cha tuirt ach an còigeamh cuid gu robh iad fileanta.² Tha am pàtran seo de fhreagairtean a' nochdadh gu bheil ùidh nach beag ann am mòr-ionad am measg dhaoine gun Ghàidhlig cho math ris an fheadhainn aig a bheil comas nas làidire sa Ghàidhlig.

² Tha na roghainnean a thugadh seachad san t-suirlhidh diofraichte bhon fheadhainn sa chunntas-shluagh nàiseanta, far am feum an luchd-freagairt innse an urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn. 'S e roghainnean bìnearaidh tha/chan eil a th' annta, agus chan eil dòigh ann airson diofar ìrean de chomas labhairt a chomharrachadh. Tha e iongantach nach do thagh ach 3% de luchd-freagairt an t-suirlhidh làithrich an roghainn 'Tuigsinn ach gun chomas bruidhne', agus ann an cunntas-sluagh 2022 roghnaich 36.7% de muinntir Dhùn Èideann a chuir an cèill gu robh cuid de sgilean Gàidhlig aca 'Tuigsinn ach gun chomas bruidhne, leughaidh no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig'. Thagh 15.3% eile de luchd-freagairt cunntas-sluagh Dhùn Èideann 'Leughadh ach gun chomas bruidhne no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig', roghainn nach deach a thoirt seachad san t-suirlhidh làithreach. Tùs: www.scotlandscensus.gov.uk, Clàr UV208a.

Clàr 5: Comas an luchd-fhreagairt sa Ghàidhlig

Ìre comais	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
Fileanta	88	20.0
Eadar-mheadhanach	104	23.7
Bunaiteach	121	27.6
Dìreach beagan fhaclan	80	18.2
Tuigsinn gun labhairt	13	3.0
Eile (sònraichibh)	33	7.5
	439	100



Thuirt cuid den luchd-fhreagairt a fhreagair 'Eile' don cheist seo gu robh ìre air choreigin de chomas labhairt aca, agus mar sin is dòcha gum faodadh iad a bhith air an cur ann an aon de na ciad trì roinnean. Chomharraich aon neach-freagairt e fhèin mar neach-labhairt dùthchasach, dithis mar luchd-labhairt dùthchasach lapach, bha fear eile air a dhol tro Bhun-sgoil Taobh na Pàirce agus bha e an-dràsta a' dèanamh Àrd-ìre Gàidhlig, bha aonan gu bhith a' tòiseachadh clas eadar-mheadhanach agus mhìnich dithis gun robh iad air a bhith a' cleachdadadh Duolingo airson 3-4 bliadhnaichean.

Bu chòir a ràdh gu bheil e coltach gun do lión mu dhusan neach-freagairt an suirbhidh airson beachdan an aghaidh na Gàidhlig a nochdadh agus airson dèanamh soilleir gu robh iad gu tur an aghaidh stèidheachadh mòr-ionad Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Ma chuirear na freagairtean sin an dàrna taobh bidh an cuibhreann de luchd-labhairt fileanta agus eadar-mheadhanach am measg an luchd-fhreagairt ag èirigh beagan.

Earrann 2

Beachdan farsaing air a' mhòr-ionad

Nochd luchd-freagairt an t-suirlidh taic làidir don bheachd gum bu chòir mòr-ionad Gàidhlig a stèidheachadh ann an Dùn Èideann. Dh'fhaighnich ceist 5 'Nad bheachd-sa, dè cho feumail 's a bhiodh mòr-ionad Gàidhlig do choimhlearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann?' Bha 85.4% den luchd-freagairt den bheachd gum biodh mòr-ionad 'glè fheumail' agus bha 9.4% eile den bheachd gum biodh e 'caran feumail'. Cha do thagh ach 1.6% am beachd 'gun a bhith ro fheumail' agus cha do thagh ach 2.2% 'gun a bhith feumail idir'.

Clàr 6: Feumalachd a' mhòr-ionaid

	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
Glè fheumail	381	85.4
Caran feumail	42	9.4
Gun a bhith ro fheumail	7	1.6
Gun a bhith feumail idir	10	2.2
Chan eil fhios agam	6	1.3
	446	99.9


Seach aon duine, ge-tà, nochd a h-uile duine a bha den bheachd nach biodh mòr-ionad feumail idir an dàrna cuid beachdan làidir an aghaidh na Gàidhlig ann an àiteachan eile san t-suirlidh air neo cha tug iad freagairtean slàna do cheisteann mu na dh' fhaodadh mòr-ionad a thabhan. Is dòcha a-rèiste nach robh iad ag amas air freagairt chuideachail a thoirt don t-suirlidh. Bha an aon phàtran a' buntainn ri cha mhòr a h-uile neach-freagairt a thagh 'gun a bhith ro fheumail'. Ma thèid na freagairtean seo a chur dhan dàrna taobh, cha mhòr nach robh a h-uile neach-freagairt ag aontachadh gum biodh mòr-ionad glè fheumail no caran feumail, agus bha a' mhòr-chuid den bheachd gum biodh e glè fheumail.

Dh'fhaighnich ceist 6 'Dè cho tric 's a shaoileadh sibh gun tadhaileadh sibh air mòr-ionad Gàidhlig ann an Dùn Èideann?' Thuit còrr air an treas cuid (33.6%) gun tadhaileadh iad uair san t-seachdain agus 38.1% eile uair sa mhìos. Bha 17.3% den bheachd nach tadhaileadh iad ach beagan thursan sa bhliadhna agus 6.7% glè ainneamh. Bu chòir cuimhneachadh gu robh 10% den luchd-freagairt a' fuireach taobh a-muigh Dhùn Èideann agus Lodainn, agus gur e luchd-freagairt a bha a' nochdadh mì-rùn dhan Ghàidhlig a' mhòr-chuid a thug seachad na freagairtean 'glè ainneamh'.

Clàr 7: Tricead tadail air a' mhòr-ionad

	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
Uair san t-seachdain	150	33.6
Uair sa mhìos	170	38.1
Beagan tursan sa bhliadhna	77	17.3
Glè ainneamh	30	6.7
Chan eil fhios agam	19	4.3
	446	100.0

Cairt 4: Tricead tadail air a' mhòr-ionad



Bha Ceist 7 a' siriadh beachdan an luchd-fhareagairt air na seòrsaichean sheirbheisean no ghnìomhachdan a bu chòir do mhòr-ionad a thabhall. Chaidh ochd roghainnean a mholadh agus dh' fhaodadh an luchd-freagairt roghainnean eile a mholadh cuideachd. Bha na h-ochd roghainnean a chaidh a mholadh mar a leanas:

- A' solarachadh àite airson coinneamhan
- A' toirt àite do chlasaichean
- A' solarachadh àite airson tachartasan no cuirmean
- A' solarachadh àite-obrach do bhuidhnean Gàidhlig no do dhaoine cruthachail
- Cothrom airson ghnìomhachdan do chloinn
- Cafaidh
- Bùth
- Àite taisbeanaidh


Chaidh 441 freagairt a thoirt seachad don cheist seo agus chaidh 2421 roghainn a thaghadh uile-gu-lèir. B' e 5.5 an àireamh chuibeasach de roghainnean a thagh gach neach-freagairt, ged nach do thagh cuid den luchd-fhareagairt ach aon no dhà roghainn agus chuir cuid diog ris na roghainnean uile a chaidh a shònachadh.

B' iad na roghainnean a b' fheàrr leotha 'àite a sholarachadh airson tachartasan no cuirmean', air a taghadh le 15.7% den luchd-fhreagairt, 'solarachadh àiteachan airson clasaichean', air a taghadh le 14.7%, agus cafaidh, air a taghadh le 12.9%. B' e bùth an roghainn a b' fheàrr leotha, air a taghadh le 8.7%.

Clàr 8: Gníomhachdan agus seirbheisean as fheàrr leotha

	Àireamh fhreagairtean	Ìre sa cheud
Àite airson tachartasan no cuirmean	380	15.7
Àite airson clasaichean	357	14.7
Cafaidh	334	13.8
Àite-obrach do bhuidhnean Gàidhlig no do dhaoine cruthachail	310	12.9
Cothrom airson gníomhachdan do chloinn	279	11.5
Àite taisbeanaidh	250	10.3
Àite airson coinneamhan	249	10.3
Bùth	210	8.7
Eile	52	2.1
	2421	100.0

Cairt 5: Gníomhachdan is seirbheisean as fheàrr leotha



Cha b' e seirbheisean no gníomhachdan gu tur eadar-dhealaichte a bh' anns a' mhòr-chuid de na molaidhean eile a thug an luchd-freagairt seachad mar fhreagairt don roghainn 'Eile', ach leudaich iad cuid den fheadhainn a chaithd a mholadh an toiseach. Gheibhear mìneachadh nas mionaidiche air cuspair nan seirbheisean no gníomhachdan a bu chòir do mhòr-ionad a thabhnann anns an ath earrann.

Earrann 3

Seirbheisean no gnìomhachdan a dh' fhaodadh mòr-ionad a thabhann

Dh'fhaodte a ràdh gur e a' phàirt as cudromaiche den t-suirlhidh a' cheist mu na dh' fhaodadh ionad Gàidhlig a thabhann a thaobh sheirbheisean, goireasan agus gnìomhachdan. Thug an luchd-freagairt seachad an cuid roghainnean agus bheachdan mar fhreagairt do ghrunn cheistean eadar-dhealaichte san t-suirlhidh (7, 8, 9 agus 11) agus tha iad sin air an toirt còmhla airson mion-sgrùdadh an seo. Tha na cùisean air a bheilear a' beachdachadh san earrann seo air an cruinneachadh ann an dòigh loidsigeach seach ann an òrdugh cudromachd no meas am measg an luchd-fhreagairt.

- Cafaidh/bàr
- Bùth leabhraichean/leabharlann
- Ionad fiosrachaiddh/taisbeanaiddh
- Àiteachan coinneimh no obrach
- Ceòl agus ealan
- Solar airson clann agus daoine òga
- Cothroman ionnsachaiddh do dh'inbhich
- Gnìomhachdan eile air am moladh

Cafaidh/bàr

Chuir mòran luchd-freagairt cuideam air cho luachmhòr 's a bhiodh cafaidh, gu sònraichte airson a ròl sòisealta mar àite cruinneachaidh neo-fhoirmeil Gàidhlig. Aig an aon àm, chuir mòran dhaoine cuideam air cho cudromach 's a bhiodh deagh bhiadh is deochannan agus àrainneachd tharraingeach. Tha na h-earrannan a leanas a' toirt sealladh air beachdan an luchd-fhreagairt air a chuspair seo.

I think a cafe would be a real asset and provide a great informal gathering space for Gaelic speakers to meet.

Cafè Gaidhlig far a bheil Gaidhlig air a bruidhinn leis an luchd-obrach, le leabhraichean Gàidhlig, fiosrachadh mu dheidhinn tachartasan, etc.

Bhiodh café far am faighear cupa cofaidh, greim-bidhe agus fiù 's pinnt no gloinne fiona tarraingeach, le bùth leabhraichean is clàran-ciùil – àite car coltach ri Cultúrlann McAdam-Ó Fiaich ann am Beul Feirste [www.culturlann.ie]. A bharrachd air clasaichean, cruinneachaidhean is eile, 's e an cothrom a dhol gu àite far an cluinnear a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu neo-fhoirmeil a bhiodh tarraingeach dhomhsa.

Bhiodh e uabhasach math cafaidh snog a bhith ann agus bùth le leabhraichean Gàidhlig ùr agus ath-làimhe. Nam bheachdsa tha biadh aig cridhe choimhairsnachdan agus mar sin tha cafaidh snog le cèicean blasta glè

chudromach. An uair sin bhiodh daoine òg agus sean a' taghadh an àite seach a bhith a' faireachdainn 'O 's fheudar dhomh dhol dhan chafaidh aig an ionad o chionns gu bheil e feumach air taic!'

Bùth leabhraichean/leabharlann

Bha mòran luchd-freagairt den bheachd gum biodh bùth leabhraichean agus/air neo leabharlann na tarraing chudromach airson mòr-ionad. Thug cuid fa-near cuideachd gum faodadh bùth a bhith a' reic bathar is stuthan eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Seo cuid de na beachdan a thugadh seachad:

A bookshop would be a great addition. Particularly if it sold titles second hand

Particularly a shop would be great – when I've tried to buy Gaelic books for friends' children at Christmas or learning materials for myself I've really struggled.

We also think that a shop of some kind would be good e.g. book shop, music CDs, and objects from Gàidhealtachd artists and independent small businesses

A sale of merch in Gaelic and bookshop would no doubt raise funds that could assist to make the hub self-sustaining. It could provide jobs for Gaelic speak[ers], even on a volunteer basis.

A lending library with books in Gaelic would be great.

Some kind of Gaelic book library and/or exchange facility (So I could find a good home for books I have finished with and can buy or borrow others)

Ionad fiosrachaidh

Bha mòran luchd-freagairt den bheachd gum faodadh am mòr-ionad a bhith na ionad fiosrachaidh air choreigin. Dh'fhaodte gum biodh e a' foillseachadh agus a' toirt seachad fiosrachadh mu thachartasan is gnìomhachdan Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus nas fhaide air falbh; ann an àiteachan eile san t-suirlidh mhìnich cuid den luchd-freagairt gu robh e duilich fiosrachadh den t-seòrsa seo a lorg an-dràsta. Dh'fhaodadh mòr-ionad cuideachd fiosrachadh coitcheann mu chànan, eachdraidh agus cultar na Gàidhlig a thoirt seachad, is dòcha ann an taisbeanadh maireannach. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith ag àrdachadh iomhaigh na Gàidhlig agus a' togail mothachadh air a' Ghàidhlig ann an Dùn Èideann (faic earrann 5). Am measg nam beachdan air na cùisean sin bha na leanas:

Àite fiosrachadh fhaighinn air dè tha dol ann an saoghal na Gàidhlig

Opportunity to publicise Gaelic related groups and events – effectively a large noticeboard!

Bhiodh e math nan robh taisbeanadh maireannach anns an ionad mu eachdraidh is cultar na Gàidhlig, an dà chuid ann an Dùn Èideann fhèin agus ann an Alba, ach cuideachd gu h-eadar-nàiseanta

Focal point for visitors to Edinburgh to learn about the historical and cultural importance of Gaelic in Scotland.

Àiteachan airson coinneamhan no àiteachan obrach

Mhol grunn luchd-freagairt gum faodadh mòr-ionad àite a sholarachadh do dhiofar bhuidhnean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig airson coinneamhan agus tachartasan eile. Tha cothrom ann cuideachd a bhith a' tabhann àite-obrach do phroifeiseantaich Ghàidhlig, luchd-ealain Ghàidhlig no oileanaich Ghàidhlig fa leth. Am measg nam molaidhean a chuireadh an cèill bha na leanas:

As a uni student, some office or study space in a Gaelic environment would be brilliant

Cuideachd dh'fhaodadh e bhith na chothrom dhuinn nan robh oifis ri fhaighinn, no àite ann an oifis còmhla ri oifigearan-leasachaидh Ghàidhlig eile.

Bhiodh hot-desking math mar a th' aca san Lòchran ann an Glaschu
[www.anlochran.com]

Raon de thachartasan agus sheirbheisean

Rinn an luchd-freagairt grunn mholaidhean mu na seòrsaichean thachartasan no sheirbheisean a dh' fhaodadh mòr-ionad a thabhann no a dhèanamh comasach. Bha na molaidhean as cumanta a' buntainn ri ceòl agus ealan; solar airson clann agus daoine òga; agus cothroman ionnsachaидh do dh'inhich. Thèid beachdachadh air na cothroman sin mu seach, agus an uair sin iomradh air molaidhean a rinn an luchd-freagairt.

Ealain, ceòl agus cleasachd

Thug an luchd-freagairt seachad grunn mholaidhean mu ghoireasan airson tachartasan ciùil agus tachartasan ealain eile, agus na goireasan a tha a dhìth airson taic a thoirt dhaibh.

Bu chòir don àite deagh shiostam-chiùil a bhith aige is àrd-ùrlar airson sàr tachartasan ciùil, on as sin tha na phriomh tharraing do luchd-ùidh na Gàidhlig.

Would be great to have a performance space that hosted open mic type events, writing, songwriting or dance workshops with a mix of traditional and contemporary practices!

Rehearsal space

Recording studio

Music lessons (fidheall, clàrsach, feadan, pioban, bocsa [fiddle, harp, flute, pipes, accordion]) through the medium of Gaelic.

Gaelic song workshops – Concerts from well-known artists who use Gaelic language in their music

Traditional dance and other types of classes.

Having an in-house Gàidhlig Bàrd along the lines of the Scottish Makar

Having an in-house Gàidhlig artist to create art work with local schools and groups.

It also has to be a space that's open to a broad spectrum of Gàidhlig creativity and interests. There is no one size fits all for Gaelic speaking cultural tastes. So the music doesn't always have to be Ceilidh music. . . . Don't pigeon hole or ghettoise Gaelic speakers. Be inclusive. Allow different kinds of Gàidhlig acts including young adults who are experimenting with different musical styles to make the language meaningful to them. Innovation and creativity is critical for growth, evolution, survival of the language and always keeps things interesting and fresh for all involved.

Solar airson clann agus daoine òga

Chuir mòran luchd-freagairt cuideam air cho cudromach 's a bhiodh e a bhith a' tabhann sheirbheisean agus ghnìomhachdan do chloinn is dhaoine òga, bho leanaban is pàistean gu inbhich òga, agus thug iad seachad molaidhean sònraichte a thaobh seo. Am measg nam molaidhean bha na leanas:

Provision for babies e.g. mother and toddler groups

Gaelic Bookbug sessions

Goireasan/clasaichean/gnothaichean do chlann aois 3-10

A space for Gaelic to be used in an informal social setting in ways which appeal to a range of age groups, so children see the language in contexts that aren't formal education

Space for events/activities to attract teenagers and those leaving school who are transitioning out of having Gaelic in their daily life.

Having opportunities for young adults and tweens.

Thug cuid den luchd-fhreagairt fa-near cuideachd cho cudromach 's a bhiodh e gniomhachdan a thabhan do theaghlaichean, i.e. rudan a dh' fhaodadh pàrantan agus clann a dhèanamh còmhla, no gniomhachdan a chur air dòigh airson pàrantan a ruitheadh aig an aon àm ris an fheadhainn airson clann:

As a solo parent, I would welcome the opportunity to have child and adult activities running side-by-side. Or activities that we could do together.

Activities for children and parents to learn Gaelic together.

Cothroman ionnsachaидh do dh'inbhich

Fhuaras mòran bheachd a thaobh chlasaichean do dh'inbhich agus coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaидh aig diofar ìrean.

A place for formal classes and also informal multi-level conversation in an immersive situation.

Workshops for adults in Gaelic language, culture and heritage

Providing space to improve Gaelic – chat groups for beginners / intermediate for example. It could also be a base for sitting exams in Gaelic e.g. in conjunction with the University of the Highlands and Islands

We need opportunities for fluent Gaelic speakers to mix with other Gaelic speakers. There is a lot of emphasis and money spent on beginners but those who are upper intermediate and advanced need opportunities to speak Gaelic too.

Conversational pairing get-togethers, involving scheduled regular weekly or fortnightly conversational dates between speakers of mixed ability and native and fluent Gàidhlig speakers, where each can practise their conversational Gàidhlig with one another, honing it with every date

Classes to support lapsed native speakers.

Availability of classes outside of working hours would be a great benefit

Gniomhachdan eile air am moladh

Mhol an luchd-freagairt raon farsaing de gniomhachdan eile a dh' fhaodadh a bhith freagarrach airson a' mhòr-ionaid, a' gabhail a-steach na leanas:

- Leughadh leabhairchean is bàrdachd, an dà chuid airson leabhairchean cloinne, agus leabhairchean inbheach.
- Àite airson òraidean agus deasbadan

- Cèilidhean bho luchd-buaidh nam meadhanan sòisealta a chruthaicheas susbaint Ghàidhlig
- Ceisteachain agus co-fharpaisean
- Clasaichean agus taisbeanaidhean còcaireachd
- Gnìomhachdan ciùird
- Fighe
- Crèadhadaireachd
- Gnìomhachdan campa samhraidh
- Gnìomhachdan is tachartasan ràitheil, m.e. Fèill Mhìcheil (Latha Fhèill Mìcheil), pàrtaidh Nollaige

Mhol grunn luchd-freagairt diofar sheòrsaichean gheamaichean a thabhall tron Ghàidhlig: geamannan bùird, geamannan cluich-ròl, tàileasg, snucair/pùl agus teanas-bùird. Bha cuid cuideachd a' moladh diofar sheòrsaichean spòrs leithid camanachd. Thug luchd-freagairt fa-near cuideachd gum faodadh àite cudromach a bhith aig a' mhòr-ionad ann a bhith a' tabhann cothroman obrach pàichte no saor-thoileach. Am measg rudan eile dh'fhaodadh seo cuideachadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh le bhith a' toirt seachad cothroman bogaidh.

Earrann 4

Dè dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche, air neo na bu lugha de dh'feum no de tharraing?

Dh'fhaighnich ceist 8 den luchd-fhreagairt dè dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche dhaibh, agus chuir ceist 9 a' cheist bhon taobh eile, a' faighneachd dè dhèanadh e na bu lugha de dh'feum no de tharraing. Fhuras 371 freagairt do cheist 8 agus 301 do cheist 9. Chomharraich na freagairtean seo raon nithean a dhèanadh mòr-ionad Gàidhlig na b' fheumaile no na bu tharraingiche, air neo na bu lugha de dh'feum no de tharraing. Thug mòran de na freagairtean seo aghaidh air seirbheisean no gnìomhachdan sònraichte a dh' fhaodadh mòr-ionad a thabhnach, agus chaith iad sin a thaisbeanadh mar phàirt den deasbad ann an earrann 3. Bithear a' beachdachadh gu mionaideach air ochd cùisean san earrann seo:

- Àite
- Uairean fosglaidh
- Cruth, àrainneachd agus cosgais
- Raon ghnìomhachdan
- Dragh gum biodh cus Beurla ga cleachdad
- Dragh gum biodh cus Gàidhlig ga cleachdad
- Cothromachadh eadar gnìomhachdan do chloinn agus do dh'inbhich
- Factaran sòisealta no poilitigeach

Mar a bhiodh dùil, tha measgachadh de bheachdan ri fhaicinn agus ann an cuid de dhòighean tha e coltach gu bheil roghainnean cuid den luchd-fhreagairt a' dol an aghaidh roghainnean cuid eile. Gu sònraichte, dh'fhaodte gum biodh e dùbhlanaich roghainnean an fheadhainn a tha airson a' Ghàidhlig a chleachdad cha mhòr a-mhàin a rèiteachadh ri roghainnean an fheadhainn a bhiodh ag iarraidh barrachd chothroman do dhaoine aig nach eil Gàidhlig, agus an fheadhainn aig a bheil ùidh shònraichte ann an solar do chloinn seach an fheadhainn a tha ag amas air gnìomhachd agus tachartasan do dh'inbhich. Tha e cudromach cuideachd gur dòcha gum biodh cuid de na roghainnean a chaidh ainmeachadh a thaobh àite, meud agus uairean fosglaidh a bhith dùbhlanaich a riachadh bho shealladh cosgais.

Àite

Chuir mòran luchd-freagairt am beachd an cèill gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith ann an àite faisg air meadhan a' bhaile, so-ruigsinneach le còmhaghail phoblach agus le páirceadh nam biodh sin comasach. Am measg nam beachdan a fhuras bha na leanas:

Central location, easily accessible by public transport.

Being on a bus route / secure cycle parking.

Bhiodh àite-parcaidh caran feumail cuideachd ach tuigidh mi gum biodh seo doirbh ri lorg ann am meadhan a' bhaile.

The location is important, central so equidistant. With spaces for parking unless public transport well provided. Not part of another building, as it is often the case (education - “units” inside other premises). The French Institute in Edinburgh is a very good example.

Thuirt aon neach-freagairt gun cuidicheadh seo le àireamh an luchd-tadhail agus teachd a-steach a chur am meud:

Needs to be in accessible (probably central) location to make the most of income generating opportunities (cafe, shop, potential festival/fringe events) and to maximise footfall

Air an làimh eile, chuir an luchd-freagairt an cèill nach biodh mòr-ionad a bha duilich a ruigssinn no air iomall a' bhaile cho tarraingeach, agus nach biodh iad cho dualtach tadhlaир.

Uairean fosglaidh

Bha mòran luchd-fhreagairt den bheachd gu robh e cudromach gum biodh uairean fosglaidh cunbalach aig a' mhòr-ionad agus gum biodh e na b' fheàrr nan robh e fosgailte annoch air an fheasgar agus aig deireadh-sreachdainean a bharrachd air làithean na seachdaine.

Convenient opening hours

If it can be accessed outside of very specific hours (e.g. by having a café, shop or similar open routinely). It's important the space is open routinely on a walk-in basis and not just for events or bookable events.

Open some evenings and weekends, not just during typical ‘work hours’.

Cruth, faireachdainn agus cosgais

Bha an luchd-freagairt den bheachd gu robh e cudromach gum biodh taobh a-staigh ùrnodha agus tarraingeach aig a' mhòr-ionad, agus faireachdainn càirdeil, aoigheil agus neo-fhoirmeil.

A comfortable, attractive space

Well-designed and aesthetically pleasing interior

A welcoming and inclusive environment

Warm, inviting, stimulating, positive atmosphere.

Informal, friendly atmosphere.

Àite nach eil ro choltach ri sgoil, furasta a bhucadh airson bhùthan-obrach 's an leithid, dathan tarraingeach.

Dhaingnich cuid eile gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith so-ruigsinneach agus in-ghabhalach agus gum bu chòir aire a thoirt do dh'fheumalachdan dhaoine le le diofar sheòrsaichean chiorraman:

Make it as accessible as possible – for physical disabilities and for people with other disabling conditions.

Accessible, especially for the visually-impaired.

Accessible for those with mobility restrictions and those who are neurodiverse e.g having quiet spaces within the hub.

Bha an luchd-freagairt cuideachd den bheachd gum bu chòir dhan àite a bhith sùbailte, gus an gabhadh cleachdadhbhàin airson diofar adhbharan agus gun gabhadh diofar sheòrsaichean de ghnìomhachdan cur air adhart aig an aon àm.

I think it would need to be big enough that you could use it for a wide range of activities.

Flexible space

Multiple spaces for different activities, so the hub can continue to be used for recreational activities whilst exhibitions or classes are happening

Chomharraich an luchd-freagairt cuideachd feartan den chruth no den àrainneachd a dh' fhaodadh am mòr-ionad a dhèanamh na bu lugha de tharraing: dòigh-sgeadais lom, droch sholais no fhuaimearrachd, àite crampaidh no làn sluaigh, suidheachain mhì-chofhurtail, agus foirmileachd no neo-sùbailteachd san fharsaingeachd. Thog cuid cuideachd cosgais mar fheart a dh' fhaodadh a bhith mi-mhisneachail.

Too expensive.

Charge to enter

Requirement to spend money in the cafe/shop to use the hub.

Expensive to engage with and take part in, no heavily subsidised rates for those on low income or benefits

Raon ghnìomhachdan

Thug an luchd-freagairt fa-near gum bu chòir don mhòr-ionad raon farsaing gu leòr de ghnìomhachdan a thabhan a bhiodh tarraingeach do dhiofar sheòrsaichean dhaoine. Am measg nam beachdan agus na molaidhean a fhuaras bha na leanas:

Not just provision of space – a full programme of activities – classes, lectures, events, exhibitions, music performances. Something that's a showcase of Gaelic culture and encourages people to become actively involved, even if their level of Gaelic is currently low.

An events programme that was modern and forward thinking

A range of different events for all ages

A variety of events catering to both native speakers and learners

Regular events at a specific time each week/month.

Chomharraich an luchd-freagairt cuideachd nithean sònraighe a dh' fhaodadh na tachartasan a bhith cho tarraingeach:

Irregular or unreliable events / groups.

If the events were overly traditional and twee, for example I want to use Gaelic in informal settings in a range of things I'm interested in, not just ceilidhs or clarsach events which are great but we need to take Gaelic into other more modern events too.

Gum biodh e dìreach airson ceòl is ealain. Bu chòir gum cothrom ann airson a h-uile cuspair a' brosnachadh tro mheadhan na Ghàidhlig! Saidheans, matamataig, nàdur, etc

Only including serious events and discussions (although there is certainly a place for that)

Dragh gum biodh cus Beurla ga cleachdad

Chuir cuid den luchd-fhreagairt an ceìll gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith mar chànan àbhaisteach a' mhòr-ionaid. Bha dragh air cuid gum biodh am mòr-ionad air a lagachadh nan leigte cus Beurla a-steach.

If Gaelic was the default language i.e. only exceptionally would English be used. At the hub you would speak Gaelic no matter at what level. Once English is accepted even to the smallest extent see how quickly Gaelic is edged out and disappears. It has to be a Gaelic speaking world in the hub.

Nam biodh e an dha-rìribh air a thogail dha Ghàidheil is daoine eile le Gàidhlig seach luchd-turais is ‘luchd-ùidh’

Àite far am b' urrainn dhuinn cruinneachadh, far am bi fios againn gum biodh Gàidheil ann agus cothrom Gàidhlig a chleachdadh gach turas.

Predominantly immersive Gaelic language setting with a supportive approach to those with limited (or no) Gaelic.

It needs to not be shared with any non-Gaelic speaking activities.

Dragh gum biodh cus Gàidhlig ga cleachdadh

Bha beachd eadar-dhealaichte aig cuid eile, gum bu chòir don mhòr-ionad a bhith ruigsinneach agus aoigheil don luchd-ionnsachaidh air fad agus do dhaoine eile aig nach eil mòran Gàidhlig (no gun Ghàidhlig). Thog cuid draghan gum faodadh poileasaidh ro làdir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns a' mhòr-ionad mì-fhàilteachail.

Everything for fluent speakers & nothing for beginners.

Exclusively hardcore Gaelic

Too much Gaelic! I've been to a couple of events so far that feel hard to be part of when you don't have enough Gaelic to keep up. It would be lovely hearing and encouraging the language at all levels and I understand native speakers enjoy the opportunity to speak but ensuring there's an open encouraging vibe for all would be lovely to see. Clear explanations of what's happening would be good even if it's this event is entirely in Gaelic and may not be suitable for learners

A feeling that I might get judged for not speaking 'good Gaelic'

If it's insular and not welcoming to new learners

Cothromachadh eadar gnìomhachdan do chloinn agus inbhich

Chuir cuid den luchd-freagairt cuideam air cho cudromach 's a tha e bhith a' tabhann ghniomhachdan a bhiodh tarringeach do chloinn is theaghlaichean, agus thuirt cuid eile gum faodadh cus cuideim air an leithid de sholar an cur dheth.

No child-friendly activities/events.

If it wasn't welcoming and only had adult activities

Too many children!

Too much focus on children's activities (at the expense of adult ones)

Factaran sòisealta no poileataigeach

Chuir beagan luchd-fhreagairt am beachd an cèill nach bu chòir don mhòr-ionad a bhith air a chleachdad airson adhbharan poileataigeach no le buidhnean poileataigeach. Bha na h-adhbharan iomagain a chaidh a comharrachadh le diofar luchd-freagairt a' buntainn ri gràin-chreidimh, creideamh san fharsaingeachd, gràin co-sheòrsachd, nàiseantachd agus "progressive" agendas'.

Earrann 5

Dùblain ro choimhearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann

Dh'iar ceist 10 air an luchd-freagairt na dùblain as cudromaiche ro choimhearsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann a chomharrachadh. Fhuaras 361 freagairt don cheist seo. Nochd grunn tèamannan anns na freagairtean sin gu tric, agus tha iad air an cruinneachadh ann an aon roinn deug:

- Àireamh bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig
- Duilgheadasan luchd-labhairt Gàidhlig eile a lorg
- Cion chothroman Gàidhlig a chleachdad
- Cho sgapte agus neo-cheangailte 's a tha a' choimhearsnachd Ghàidhlig
- Dìth thachartasan Gàidhlig cunbalach no tarraingeach agus duilgheadasan le frithealadh thachartasan
- Dìth àiteachan sònraichte Gàidhlig
- Cùisean co-cheangailte ri maoineachadh
- Cùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean
- Dùblain mu choinneamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
- Cion faicsinneachd na Ghàidhlig
- Cion mothachaidh no nàimhdeas am measg a' mhòr-shluagh

Àireamh bheag de luchd-labhairt

'S e an duilgheadas as bunaithe gu bheil an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Dùn Èideann, gu h-àraighe fileantaich, glè bheag (nas lugha na 1% den t-sluagh ionlan). Am measg nam beachdan air a' phuing seo a fhuaras bha na leanas:

Very few speakers and opportunities to use the language.

Chan eil go leòr dhiubh ann, agus tha iad sgapte gun àite coinnichidh

The number of fluent Gaelic speakers with both the ability and willingness to actually speak the language to give the space a sense of purpose.

Encouraging more people to develop their existing Gaelic language abilities and to try and get more people learning the language. I think more younger folk are needed to ensure that the language survives.

Duilgheadas luchd-labhairt Gàidhlig eile a lorg

Dùblan bunaiteach eile a chomharrach an luchd-freagairt 's e an duilgheadas ann a bhith a' lorg luchd-labhairt Gàidhlig eile. Bha seo gu ìre air sgàth àireamhan luchd-labhairt

beag, agus gu ìre air sgàth dìth faicsinneachd a' chànan sa bhaile. Am measg nam beachdan air a' phuing seo bha na leanas:

Finding other Gaels.

Ma tha thu ùr anns a' bhaile tha e gu math duilich Gàidheil eile a lorg (taobh a-muigh den oilthigh)

'S e an aon trioblaid a th' ann air feadh na dùthcha, chan eil dòigh sam bith a bhith aithnichte air cò aig a tha a' Ghàidhlig. Feumaidh sinn a' chànan a dhèanamh nas leirsinneach

Cion chothroman Gàidhlig a chleachdadadh

Ghearrain mòran luchd-freagairt nach eil cothroman gu leòr ann airson Gàidhlig a chleachdadadh ann an Dùn Èideann. Ann an diofar dhòighean, tha a' chùis seo a' toirt buaidh air luchd-labhairt dùthchasach, inbhich a tha ag ionnsachadh a' chànan, agus clann ann am foghlam Gàidhlig.

Lack of opportunities for speaking Gaelic on a regular basis.

Native speakers not having enough opportunity/stimulation to communicate with others in Gaelic.

Although there are educational resources and initiatives, the opportunities to practice Gaelic in day-to-day interactions are quite limited, which makes it hard for learners to fully immerse themselves.

Gainnead chothroman aig clann agus òigridh Gàidhlig a chleachdadadh ann an suidheachaidhean spòrsail taobh a-muigh na sgoile

Limited opportunities to use Gaelic outside school/classes/specific music or cultural events. We need Gaelic STEM and sports!

Cho sgapte agus neo-cheangailte 's a tha a' choimhairsnachd Ghàidhlig

Bha mòran luchd-fhreagairt den bheachd gu bheil coimhairsnachd na Gàidhlig ann an Dùn Èideann sgapte agus neo-cheangailte, agus bha cuid a' ceasnachadh an robh e a' dèanamh ciall a bhith a' bruidhinn air 'coimhairsnachd Ghàidhlig' anns a' bhaile idir. Am measg nam beachdan bha na leanas:

It seems very disconnected and sparse, with groups and pockets spread around but not unified

Being spread too far and too thin. The speakers are there but lack the network to converse with one and another and promote the everyday use of the language

An dràsda tha Gaidheil, agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig cho sgapte agus gu bheil e doirbh a ràdha gu bheil coimhersnachd Ghàidhlig ann an Dùn Èideann.

Nam bharail, tha luchd-labhairt gu leòr sa bhaile, ach chan eil ‘coimhersnachd’ ann. Tha lìonraidhean ann, ach mar is trice, chan eil iad uamhasach làidir.

Dìth thachartasan Gàidhlig cunbalach no tarraingeach agus duilgheadasan le frithealadh thachartasan

Bha cuid den luchd-fhareagairt den bheachd nach eil tachartasan Gàidhlig ann an Dùn Èideann tric agus cunbalach gu leòr, agus thuirt cuid nach robh na tachartasan a thathas a’ tabhann an-dràsta tarraingeach gu leòr no eugsamhail gu leòr.

Not enough Gaelic things to see and do, nothing consistent.

Additionally, there is often a shortage of Gaelic events or community gatherings that would help build a stronger, more interconnected Gaelic-speaking community.

A lot of activities are during the day when parents are working.

That there are only a few environments in which Gaelic speakers feel encouraged to speak Gaelic, and these are mainly social and musical or artistic events that do not appeal to everyone. And they are often learner dominated so the level of Gaelic spoken doesn’t go much beyond quite basic

I also feel like a lot of Gaelic activities in Edinburgh focus around children & families which is great but would also be great to have a space where adults can connect.

Thug cuid eile fa-near gu bheil mòran dhaoine car ain-deònach a dhol a-mach gu tachartasan, no dìreach nach eil iad mothachail air na tachartasan Gàidhlig a thathas a’ tabhann an-dràsta.

Poor uptake in services offered – getting people through the door can be a challenge no matter how appealing or interesting the offer is.

Competition with other interest groups and cultural events makes turnout for Gaelic activities less reliable than in places with less choice. Information overload (use of numerous information channels, especially by younger people) makes it harder to get publicity for Gaelic-related activities to target groups.

Chan eil a' chuid as fheàrr de Ghàidheil sa bhaile a' tighinn còmhla. Tha buidhnean ann mar Bothan is Co-thional nam Manach Liath, ach 's e na h-aona daoine a chithear anna mar as trice – usual suspects, mar a their iad. Tha barrachd Gàidheil a' fuireach sa bhaile ach cha tig iad dha rudan is tha mi a' smaoineachdainn nach eil tòrr dhiubh fiù 's mothachail gu bheil rudan Gàidhlig a' tachairt.

Dìth àiteachan Gàidhlig sònraichte

Thug mòran luchd-fhareagairt iomradh air a' ghainnead àiteachan Gàidhlig sònraichte ann an Dùn Èideann, agus an droch bhuaidh a thug seo air cothroman Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh. Bha mòran den bheachd gum biodh stèidheachadh mòr-ionad na dhòigh chudromach air dèiligeadh ris na duilgheadasan sin.

The lack of any Gaelic-speaking space in Edinburgh outside of an educational setting (school, university or night class). The need for a place to meet with other Gaelic speakers and use Gaelic socially, where you can be surrounded by Gaelic and assume everyone there either already speaks or wants to learn to speak Gaelic. The lack of a focus for Gaelic cultural activities, classes or events.

Viable hubs for community to develop and retain resilience. There is very little of this in Edinburgh. The result is that Gaelic feels like a curated extra-curricular activity or hobby and cannot truly be integrated into the everyday lifestyle of a person's life easily. It's important for the community to be able to interact in natural, incidental ways and this is nearly impossible in Edinburgh and undermines the efforts of GME and cultural preservation etc.

There are some great organisations and individuals doing good work in the community but I really think that a Gaelic hub would be a great asset and provide a valuable, central meeting space where you are guaranteed to meet with other Gaelic speakers.

Àite mòr gu leòr ann am meadhan a' bhaile fhaighinn diofar bhuidhnean de dhaoine a tharraing, chan ann a-mhàin luchd-ionnsachaидh a tha nan inbheach ach cuideachd sgoilearan àrd-sgoil (às dèidh na sgoile) agus fileantaich (aig a bheil Gàidhlig on ghlùin no a dh'ionnsaich i san sgoil) cuideachd

I think you really need to encourage all the different and active Gaelic clubs, hobby groups and interest groups to make the place their first-choice place for activities. It might be a challenge to get such established groups to change their way of doing things.

Cùisean co-cheangailte ri maoineachadh

Thuirt grunn luchd-fhareagairt nach eil maoineachadh gu leòr ann, no nach eil maoineachadh furasta fhaighinn. Tha seo a' gabhail a-steach maoineachadh gus taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd, airson foghlam Gàidhlig, agus airson a' mhòr-ionaid fhèin.

Maoineachadh fhaighinn airson tachartasan a chur air doigh.

Funding for [the hub's] activities and staffing, apart from capital funding

The size of the community, it is a small but mighty one that might not get the financial support for it to be sustainable.

Cùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig anns na sgoiltean

Chaidh raon chòusean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig anns na sgoiltean a chomharrachadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach an solarachadh cuingealaichte aig èire bun-sgoile agus àrd-sgoile agus am feum air clann a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadhbh taobh a-muigh co-theacs na sgoile, co-dhiù aig an taigh no tro ghnìomhachdan sònraichte.

Need for more Gaelic primary schools and a dedicated Gaelic secondary school.

Establishing a second Gaelic primary school and a high school and more social events for young learners to use their Gaelic outside of school to embed it eg youth club etc

Non Gaelic speaking parents/carers who send their children have no intention to learn Gaelic. So that the community doesn't expand even though more children are now going to GME

A large number of children going through Gaelic Medium education without the context for the language very often outside of school.

Cleachdadhbh na Gàidhlig a-measg cloinne. Gnìomhan inntinneach dhaibh - geamaichean, clasainchean, fiohmaichean tro mheadhon a' chànan.

Chanainns' gum biodh e math nan robh barrachd ann airson inbhich òga. Tha clann a' dol tro FMG ann an DÈ, ach feumaidh sinn am brosnachadh gus Gàidhlig a chumail a dol ann am beatha aca gu làitheil mar chànan sòisealta às dèidh na sgoile.

Dùbhlain ro luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Thog cuid den luchd-fhareagairt na dùbhlain a tha ro luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Bha iad sin a' gabhail a-steach cùisean co-cheangailte ri cothrom air clasainchean aig diofar ìrean, duilgheadas gluasad gu ìrean nas adhartaiche, agus dìth chothroman air Gàidhlig a chleachdadhbh le luchd-ionnsachaidh eile no le fileantaich.

Access to learning resources or classes for different proficiency levels can sometimes be limited, making it challenging for new learners

Availability of affordable Gaelic classes and also evening/weekend/immersion classes for full-time workers.

Lack of easily accessible facilities for adult learners so that acquisition of Gaelic can grow across all ages . Much of what is offered to parents at the primary school happens during the day. I think there needs to be clearer signposting of existing resources for adult learners.

Getting people from knowing a few words to maintaining a conversation

A major challenge is making the transition from intermediate to more advanced. I, and many people I know, have effectively got stuck on a plateau.

The gap in the middle, between the confident, competent, fluent (or nearly so) people on the one hand, and beginners on the other.

Connection between learners. It's fine doing classes and online learning, but there needs to be greater opportunity for conversations between learners, so we can practice and improve.

Fostering contacts between native/fluent speakers and learners

Cion faicsinneachd na Gàidhlig

Thuirt mòran luchd-fhareagairt gu bheil a' Ghàidhlig gu ìre mhòr do-fhaicsinneach ann an Dùn Èideann, agus gu bheil seo a' cur ri mothachadh iosal air a' chànan am measg muinntir a' bhaile. Am measg nam beachdan air a' phuing seo bha na leanas:

Chan eil a' Ghàidhlig faicsinneach anns a' bhaile idir

It needs to be given a higher profile to raise awareness.

Making Gaelic part of everyday community . . . getting Gaelic signs everywhere: into shops and public buildings. Getting Gaelic onto products, foods, into bars, cafes, galleries and museums. A guidebook with where to find Gaelic in Edinburgh might be useful.

The Gaelic hub should be established so that everybody knows that there is a Gaelic community in Edinburgh because right now, barely anybody knows that it exists and they only see Gaelic through signs at railways and some of the schools but they are incomprehensible to non-Gaelic speakers.

Dìth mothachaidh no nàimhdeas am measg a' mhòr-shluagh

Bha mòran dhaoine den bheachd gu bheil dìth mothachaidh air a' Ghàidhlig ann an Dùn Èideann sa chumantas, agus ìre de dhiùltadh neo nàimhdeas don chànan. Bha an diùltadh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur an aghaidh adhartachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd no beachd nas mionaidiche nach eil buntainneas aig a' chànan ri Dùn Èideann.

Poor understanding in the general resident population of anything to do with Gaelic.

Wider population views of it being unimportant

Hostility from English monoglots who see any money spent on Gaelic as a waste.

Gaelic is also still frowned upon by a lot of people here and there is a lot of backlash any time anything involving Gaelic is mentioned in local news

The fact that people perceive Gaelic not to have been a language of Edinburgh in the past, and use that to argue against the national language being supported.

Thuirt aon neach-freagairt gu robh a bhith a' dèiligeadh ris na beachdan sin a' cur dragh air gu pearsanta:

Getting together in a relaxed way, just for the sake of that, without having to defend/justify/fight for/teach the language you love at the same time. It often feels political, fairly exhausting and so not entirely pleasant.

Bha beachdan nàimhdeil dhan Ghàidhlig agus an aghaidh adhartachadh na Gàidhlig rim faicinn ann an cuid de na freagairtean don t-suirlividh. Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, tha e coltach gun do lìon àireamh bheag den luchd-fhreagairt an suirlividh airson a dhol an aghaidh stèidheachadh mòr-ionad agus an aghaidh adhartachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd. Am measg eisimpleirean de bheachdan an luchd-fhreagairt seo tha na leanas:

It's a dead language that was never spoken in the Lowlands. Stop wasting time and money supporting and encouraging its use.

This is a complete waste of resources and is not needed.

I suggest that Edinburgh does not need a Gaelic hub, and the suggestion that Edinburgh does need one is a 'frippery.' Public funds should not be used to establish one, particularly at a time when Council leaders are seeking cuts & our services are being reduced & under severe stress.

Earrann 6

Beachdan no molaidhean eile

Dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh san t-suirbhidh den luchd-freagairt an robh beachdan no molaidhean sam bith eile aca a bu toil leotha cur an cèill. Fhuaras 202 freagairt, agus mar a bhiodh dùil, bha na freagairtean sin measgaichte. Tha dà sheòrsa fhreagairtean air an sgrùdadh an seo, feedhainn a nochd taic don mhòr-ionad anns an fharsaingeachd agus feedhainn eile a mhol dòighean maoineachaidh a dh' fhaodadh a bhith ann agus com-pàirteachasan le buidhnean eile.

Taic don mhòr-ionad anns an fharsaingeachd

Ghabh mòran de luchd-freagairt an cothrom a thug a' cheist seo seachad taic làidir a nochdadhbh don mhòr-ionad anns an fharsaingeachd. Am measg nam beachdan bha na leanas:

I think this is an excellent initiative. Scotland's capital city surely MUST have a Gaelic centre.

This is a great initiative to give a 'heart' to Edinburgh's Gaelic community. There are excellent opportunities to bring together the groups and organisations already working in and for Gaelic across the city, and also to capitalise on the skills and experience of many cultural groups sympathetic and supportive of Gaelic who are based in Edinburgh. As a native speaker working professionally in the Gaelic sector, who often feels invisible in the city, it would be a pleasure to know there's somewhere to go which is strengthening the place of Gaelic in the city.

Definitely progress things, it's a major priority, it's a great vision and the time is right. I'm so excited about the potential for the creation of a lighthouse for Gaelic culture in our country's capital – it has taken so long to get here, let's do what we can to make it happen soon!

Beachdan mu mhaoineachadh agus com-pàirteachasan

Bha molaidhean practaigeach aig grunn luchd-freagairt, a' gabhail a-steach cothroman maoineachaidh a dh' fhaodadh a bhith ann agus molaidhean a thaobh planadh ro-innleachdail. Tha cùisean cudromach a' toirt a-steach mar a nithear cinnteach gum biodh am mòr-ionad seasmhach thar ùine a thaobh ionmhais, am b' urrainn do mhòr-ionad togalach a cho-roinn le buidhnean eile, agus am biodh e na b' phasa tùiseachadh ann an àite beag nach robh buileach foirfe.

Find good sponsors for support.

Important to think re who (politically, culturally) will back this idea and shout its corner to funders?

Suggest you get strategic funding to get it set up but on your side you need to prove business case for balancing books. Be ambitious, get something accessible in the city centre, appeal to those who may help BUT do remember that an exclusive building that provides for a financially sustainable set up is crucial. . . . Ideally though you want a building that doesn't need re-modelling.

I think the venue should try as much as possible to be a commercially viable operation (e.g. by operating primarily as a cafe or with a shop). While it will require funding to set up and operate, the more it can be financially independent, the more resilient it will be.

Bu chòir dhan ionad töiseachadh am bad-eigin, fiù 's mura h-eil e ideal. Tha fios agam gum bi cuid ag iarraidh àite an teis meadhan a' bhaile, no àireamh sònraichte de sheòmraichean, no ge b' e, ach cha bu chòir dhuinn diùltadh cothroman nach eil buileach mar a bhitheamaid an dòchas.

Tha togalaichean uabhasach doirbh – cosgaisean cho àrd agus a h-uile sgillinn a' dol am pòcaid chompanaidhean mòra. A bheil dòigh ann 'pàirt àite' fhaighinn gus cosgaisean a roinn me ann an South Bridge Resource Centre leis a' Fringe?

Not wanting to sound negative but after a hub is established is there funding to resource it ie staff?

'S e rudeigin mòr a th' ann a bhith a' feuchainn ri togalach a lorg is a chumail a' ruith. Chanainn gu bheil cunnart ann nach bi agaibh ach sgioba beag airson a h-uile rud a dhèanamh agus gun tachradh 'burn-out' ro thràth san iomairt.

Mhol cuid den luchd-fhareagaир gum bu chòir ionad Gàidhlig Dhùn Èideann comhairle agus cuideachadh iarraidh bho dhiofar bhuidhnean. Nam measg bha Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig agus Bothan, ionadan càinain eile ann an Alba (An Taigh Cèilidh (Steòrnabhagh), Cultarlann Inbhir Nis (Inbhir Nis) agus An Lòchran (Glaschu)). Mhol cuid cuideachd a bhith ag obair le mòr-ionadan ann an Èirinn (Cultúrlann McAdam-Ó Fiaich (Beul Feirste), Uimhir 6 (Conradh na Gaeilge, Baile Átha Cliath) agus Áras Chrónáin (Baile Átha Cliath).

Co-dhùnadh

Tha an suirbhidh coimhearsnachd a' dearbhadh gu bheil taic air leth làdir ann airson ionad Gàidhlig a stèidheachadh ann an Dùn Èideann agus gu bheil ìre àrd de dh'ùidh anns a' phròiseact am measg luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Tha an suirbhidh air farsaingeachd de dh'fhiösachadh fhaighinn a thaobh roghainnean is prìomhachasan na coimhearsnachd, a bhios air leth feumail ann a bhith a' cuideachadh Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann le bhith a' comharrachadh na slige air adhart agus a' planadh nan ath cheumannan practaigeach. Tha e soilleir gu bheil an suirbhidh air a bhith cuideachail ann a bhith a' brosnachadh smaoineachadh mu phròiseact a' mhòr-ionaid sa choimhearsnachd Ghàidhlig agus tha e air barrachd follaiseachd a thoirt don cheist mun dòigh as fheàrr air Gàidhlig adhartachadh ann an Dùn Èideann agus air luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic na Gàidhlig a thoirt còmhla. Bidh seo na bhunait airson gnìomhan agus leasachadh san àm ri teachd, a bheir Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann air adhart.

Mòr-ionad Gàidhlig do Dhùn Èideann

Os-shealladh

Tha an suirbhidh seo ag amas air sgrùdadadh a dhèanamh air na cothroman air ‘mòr-ionad’ Gàidhlig a stèidheachadh airson Dùn Èideann – àite sòisealta is cultarail far am b’ urrainn do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaидh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann tighinn còmhla airson diofar sheòrsaichean ghnìomhachdan is thachartasan Gàidhlig.

Tha sinn airson measadh a dhèanamh air an iarrtas a dh’fhaodadh a bhith ann airson mòr-ionad agus faighinn a-mach dè bhiodh daoine ag iaraidh faicinn ann am mòr-ionad. Dè na rudan a bu chòir dham bu chòir prìomhachas a thoirt airson am mòr-ionad a dhèanamh feumail agus tarraingeach?

Is e sgrùdadadh tùsail a tha an seo a tha a’ feuchainn ri beachdan agus miannan farsaing na coimhlearsnachd a mheasadh. Bidh mòran cheistean pragtaigeach ag èirigh nas fhaide air adhart, gu sònraichte a thaobh maoineachadh agus àite a’ mhòr-ionaid, ach chan eil sinn aig an ìre sin fhathast.

Tha an suirbhidh seo fosgailte do dhuine sam bith a tha 16 bliadhna a dh’aois no nas sine. Tha e gu sònraichte airson daoine a tha a’ fuireach ann an Dùn Èideann ach tha fàilte air daoine eile a tha ag iaraidh a lìonadh.

A’ dìon ur dearbh-aithne agus a’ cumail fiosrachadh ribh

Tha gabhail pàirt anns an t-suirlidh seo gun urra. Thèid roghainn a thoirt dhuibh ur seòladh post-d ma tha sibh airson a dhol an sàs ann an tuilleadh conaltraidh no ag iaraidh fios as ùire mun obair seo. Cha tèid ur seòladh post-d a cheangal ri ur freagairtean dhan t-suirlidh seo. Thoiribh sùil air ar an duilleag Cumhachan Cleachdaidh againn airson faighinn a-mach barrachd mu mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agaibh.

Cuiribh diog ris a’ bhocsa cead agus thoiribh seachad ur seòladh post-d ma tha sibh airson ’s gun till sinn thugaibh mun obair seo anns an àm ri teachd.

Mur deidhinn

Tha sinn airson farsaingeachd bheachdan bho dhiofar dhaoine fhaighinn gus ar cuideachadh ann a bhith a’ tuigsinn dè tha cudromach dhuibh. Tha na ceistean seo uile roghainneil. Mar bheir sibh fiosrachadh sam bith dhuinn, cleachdaidh sinn e gus ur freagairt a sgrùdadadh.

Ceist 1. Dè a’ bhuidheann-aoise anns a bheil sibh?

- 16-24
- 25-34
- 35-44
- 45-54
- 55-64
- 65-74
- 75 no nas sine

Ceist 2: Dè a' ghnè a th' agaibh?

Fireann
Boireann
Neo-bhìnearaidh
B' fheàrr leam gun fhreagairt

Ceist 3: Dè a' chiad phàirt den chòd-phuist agaibh? (m.e. EH1)?

Ceist 4: Dè an ìre comais a th' agaibh ann an Gàidhlig labhairteach?

Fileanta
Eadar-mheadhanach
Bunaiteach
Tuigidh mi i ach chan urrainn dhomh a bruidhinn
Dìreach beagan fhaclan
Eile (sònraichibh)

Ceist 5: Nur beachd, dè cho feumail 's a bhiodh mòr-ionad Gàidhlig do choimhairsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann?

Glè fheumail
Caran feumail
Gun a bhith ro fheumail
Gun a bhith feumail idir
Chan eil fhios agam

Ceist 6: Dè cho tric 's a tha sibh a' smaoineachadh gun tadhlaileadh sibh air mòr-ionad Gàidhlig ann an Dùn Èideann?

Uair san t-seachdain
Uair sa mhìos
Beagan tursan sa bhliadhna
Glè ainneamh
Chan eil fhios agam

Ceist 7: Dè na prìomh sheirbheisean no gnìomhachdan a bu mhath leibh faicinn ann am mòr-ionad?

A' tabhann àite airson coinneamhan
A' tabhann àite airson clasaichean
A' tabhann àite airson tachartasan
A' tabhann àite obrach do bhuidhnean Gàidhlig no luchd-ealain Gàidhlig
A' tabhann chothroman airson gnìomhachdan do chloinn
Café
Bùth
Àite taisbeanaidh
Eile (sònraichibh)

Ceist 8: Dè dhèanadh mòr-ionad na b' fheumaile no na bu tharraingiche dhuibh?

Ceist 9: Dè dhèanadh mòr-ionad nas lugha de dh'feum no de tharraing dhuibh?

Ceist 10: Stèidhichte air an eòlas agaibh fhèin, dè tha sibh a' measadh mar na dùbhlain as cudromaiche a tha air coimhairsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann?

Ceist 11: A bheil beachdan no molaidhean eile agaibh?